Dualchas Nàdair na h-Alba
Nàdar air fad airson Alba air fad

Bròg na Chuthaig a' dùsgadh san Earrach

Tha aon de na seallaidhean as brèagha ann an Taobh an Iar Alba a' tighinn am mìos seo. Tha Bròg na Chuthaig a' comharrachadh toiseach an Earrach agus anns a' Chèitean thèid còmhdach de na flùraichean eireachdail seo a dh' fhaicinn tron dhùthaich air fad.
Air Cladach an Iar Thuath, tha ceithir diofar seòrsaichean ann dhen Bròg na Chuthaig a' fàs ann an àrainn eadar-dhealaichte. Anns na coilltean bi Bròg na Chuthaig a' fàs (*Hyacinthoides non-scripta*) bhon Ghiblean. Bhon Iuchar bi Currag na Chuthaig a' fàs ann a cuid de àiteachan agus air fhaicinn mar Bròg na Chuthaig Albannach. Tha seo a' fàs air na machraichean an Taobh an Iar. Ged a tha na h-ainmean aca coltach ri chèile, chan eil càirdeas luibheach eadarra.

Mar is urrainn dhut Bròg na Chuthaig aithneachadh

Tha ceithir seòrsaichean de Bròg na Chuthaig ann agus seo mar is urrainn dhut an aithneachadh:

Bròg na Chuthag (*Hyacinthoides non-scripta*)
Dealbh le SNH

Tha Bròg na Chuthag (*Hyacinthoides non-scripta*) neo lus nan coinnlean gorma neo fuath-mhuc ann an Alba, ri fhaighinn air feadh na dùthcha.

- Flùr aithnichte le casan gun duilleagan agus 4-16 flùraichean a bhitheas a' cromadh ann a cumadh-claig. Tha na flùr-bhileagan aig Bròg na Chuthaig liath agus air an lùbadh air ais.
- Ri fhaighinn ann an àiteachan dorcha, coilltean, callaidean, iomallan rathad agus croitean tro Alba.
- Fasadh iad gu 45cm a dh'àird.
- Mar phàirt den teaghlach Lili.

Currag na Chuthaig (*Campanula rotundifolia*)

Dealbh le SNH

Tha Currag na Chuthaig **(*Campanula rotundifolia*)** aithnichte mar Bròg na Chuthaig Albannach ann a pàirtean de Alba.

- Flùraichean leathann liath ann a cumadh – claig a bhitheas a' cromadh agus a tha a' fàs sgapte bho chèile.
- Tha an ainm saidheans ***Campanula rotundifolia*** a' toirt iomradh air na duilleagan a tha ri fhaighinn aig bonn na choise, a tha uaireannan air dìochuimhneachadh mu dheidhinn air sailleadh na duilleagan caol mar fheur a tha air na casan.
- Ri fhaighinn air a mhachair, docaichean gainmhich agus leacain cloiche tro Alba.
- Fasadh na casan aca eadar 15-40cm a dh'àird
- Mar phàirt den teaghlach Barr Claigeannach.

Chaidh Bròg na Chuthaig Spàinntich (***Hyacinthoides hispanica***) thoirt a-staigh gu garaidhean Bhreatannach anns an 17mh linn agus gu math coltach ri Bròg na Chuthaig nàdarra.

- Tha na flùraichean aig an fhlùr seo ceangailte air gach taobh a chas, a' cromadh gu aon taobh agus nas fhosgailte na Bròg na Chuthaig nàdarrach
- Fhaodadh an dath atharrachadh bho liath-bhan gu liath.
- Ri fhaighinn anns na h-aon coilltean sa tha Bròg na Chuthaig nàdarrach a' fàs
- Fasadh iad gu 50cm a dh'àird.
- Boillsgeadh eile air mar is urrainn dhuibh aithneachadh an e Bròg na Chuthaig Spàinnteach a th'ann 'se mur nach eil fàileadh sam bith neo dìreach beagan aig an fhlùr.
- Cuideachd mar phàirt den teaghlach Lili.

Tha Bròg na Chuthaig co-mheasgachadh *(**Hyacinthoides x massartiana**)* gu math coltach ri Bròg na Chuthaig Spàinnteach agus Bròg na Chuthaig nàdarrach, mar sin tha e uaireannan doirbh Bròg na Chuthaig co-mheasgachadh aithneachadh.

- Dh'fhaodadh na duilleagan fàs eadar 20-50cm a dh'fhaid agus 10-30mm a tarsainn a bhitheas a' seasamh an toiseach mus tuit iad chun an talamh.
- Dh'fhaodadh cas na flùr fàs gu 20-50cm a' cromadh gu aon taobh le flùraichean a' cromadh sìos, ceangailte mu cuairt a' chas.
- Dh'fhaodadh an dath atharrachadh bho dorcha liath gu liath-bhan leis na flùr-bhileagan a' cruthachadh claig fosgailte agus air a' lùbadh air ais.
- Ri fhaighinn air feadh Alba.
- Mar phàirt den teaghlach Lili.

Bròg na Chuthaig Nàdarrach ann an Cunnart

Bròg na Chuthaig sa Choille
Dealbh le SNH

Air sailleadh gun deach Bròg na Chuthaig Spàinnteach a thoirt a-staigh agus Bròg na Chuthaig co-mheasgachadh, tha eagal ann gu tèid an Bròg na Chuthaig nàdarrach a dhol a bith. Mar sin tha Bròg na Chuthaig nàdarrach air a dhìon fon Achd Fiadh-bheatha agus Dùthchail 1981 agus an Achd Nàdarrach Dùthchail 2004. Fon Achd seo tha e mi-laghail bolgan agus flùraichean Bròg na Chuthaig a thogail agus an reic.

An fhìrinn a th'agam

An robh fhios agaibh gu bheil an ainm Gàidhlig fuath-mhuc a' ciallachadh nach toil mucan e. Tha seo air sailleadh nach toil le mucan a bhith a' dol faisg air àite sam bith far am bi Bròg na Chuthaig neo am fuath-mhuc a' fàs oir cha toil leotha am fàileadh.